



**Tìotal: Droch-dhiol agus dàimhean**  
**Pàirt 2: Smachd cèile, Fòirneadh agus Ainneart**

Ìre: TREAS/CEATHRAMH

**Ceanglan CfE**

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
<p>Tha mi a’ tuigsinn gum faod cumhachd a bhith an taobh a-staigh dhàimhean agus gum faod sin a bhith air a chleachdadh ann an dòigh mhath cho math ri dòigh dhona. HWB 3-45a</p> <p>Tha fios agam mar a gheibh mi seirbheisean, fiosrachadh agus taic ma bhios mo shlàinte agus mo shunnd ghnèitheasach ann an cunnart. Tha mi mothachail air mo chòraichean a thaobh slàinte ghnèitheasach, a’ gabhail a-steach mo chòir air dìomhaireachd, agus air mo dhleastanasan, a’ gabhail a-steach dhleastanasan fon lagh. HWB 3-48a</p> <p>Tha fios agam far am faigh mi taic agus cuideachadh le suidheachaidhean sa bheil droch-dhiol agus tha mi a’ tuigsinn gu bheil laghan ann a tha gam dhìon bho dhiofar sheòrsaichean droch-dhiol. HWB3-49b</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• A’ toirt iomradh air buaidh mì-chothromachd cumhachd ann an dàimhean, dàimhean feiseil nam measg, mar eisimpleir, aonta, fòirneadh, uallach airson giùlan agus co-dhùnaidhean.</li> <li>• Fios air mar a gheibh iad fiosrachadh dìomhair, stiùireadh agus taic.</li> <li>• A’ toirt eisimpleirean de laghan co-cheangailte ri fallaineachd feise, mar eisimpleir aois aonta, cead air dìomhaireachd, aonta, fòirneadh, grumadh.</li> <li>• Fios agus eòlas air dè bu chòir dhaibh a dhèanamh ann an suidheachadh droch-dhiol no giùlan mì-fhreagarrach, feiseil, mar eisimpleir, a’ toirt dhàimhean mì-fhallain gu crìch, taic ionadail, am poileas.</li> </ul>

**Amasan ionnsachaidh**

- Gun dèan daoine òga sgrùdadh air comharran droch-dhiol ann an dàimhean agus gun urrainn dhaibh grunn dhòighean siridh taic a mholadh.
- Gun tuig daoine òga gu bheil an lagh gan dìon bho dhroch-dhiol ann an dàimhean.

**Slatan-tomhais Soirbheachaidh**

- ‘S urrainn dhomh comharran dàimh mì-fhallain aithneachadh.
- ‘S urrainn dhomh bruidhinnair mo chòir air a bhith sàbhailte ann an dàimhean dlùth agus gnèitheasach.
- ‘S urrainn dhomh stòran fiosrachaidh, cuideachaidh agus taic ainmeachadh.

**Goireasan-taic**

- Slaighdean PowerPoint
- What is abuse in a relationship? Bileag fiosrachaidh airson a thoirt dhachaigh
- ‘This is Abuse’sreath de fhilmean goirid:
  - <https://www.youtube.com/watch?v=r6G4BEfJ0pM> (2 mhion. 20)
  - <https://www.youtube.com/watch?v=zthG1nzn0uY> (1 mhion. 33)
  - [https://www.youtube.com/watch?v=UO\\_7qHQslIs](https://www.youtube.com/watch?v=UO_7qHQslIs) (2 mhion. 51)

## Obair

1. Tòisich le bhith ag ràdh nuair a smaoinicheas sinn air ar dàimhean san àm ri teachd, mar as trice bidh sinn a' smaoinichadh mu chèilean gràdhach agus dàimheil, ach uaireannan gheibh daoine iad fhèin ann an suidheachaidhean far nach eil cèile gràdhach agus dàimheil. Aig amannan ann an dàimhean faodaidh neach a bhith a' feuchainn ri smachd fhaighinn air cèile no faodaidh iad a bhith droch-dhiolach dhaibh. Inns dhan chlas gur e seo a bhios an clas/a' bhuidheann a' smaoinichadh air an-diugh gus an ionnsaich a h-uile duine mar a dh'aithnicheas iad na droch shuidheachaidhean sin - agus gum bi fios aca gu bheil cuideachadh ri fhaighinn.

NOTA: Ann an còmhraidhean nan seiseanan seo, ged a tha e cudromach aideachadh gum faod neach sam bith droch dhìol fhulang ann an dàimh, tha fios againn cuideachd gu bheil boireannaich is nigheanan fada nas buailtiche na diofar sheòrsaichean co-èigneachaidh no droch dhìol a tha air am mìneachadh anns an gnìomhan a leanas fhulang. Faodar seo a thoirt gu aire agus deasbad a stiùireadh air a' chuspair.

2. **Dè th' ann an droch-dhìol ann an dàimh?** Seall an slaighd, iarr air na daoine òga obrachadh ann am buidhnean beaga airson eisimpleirean de gach diofar seòrsa droch-dhìol aithneachadh.

**Dè th' ann an droch-dhìol ann an dàimh?** Tha diofar sheòrsaichean droch-dhìol ann.

1. Droch-dhìol fhaireachail
2. Droch-dhìol fhiosaigeach
3. Droch-dhìol fheiseil
4. Droch-dhìol dhidseatach
5. Droch-dhìol Ionmhasail

3. An uair sin sgaoil a' bhileag fiosrachaidh (faodaidh a' chlann a toirt leotha). Thoir beagan mhionaidean dha na buidhnean beaga airson ruith tron fhiosrachadh gus faicinn a bheil na h-eisimpleirean a chaidh a thoirt dhaibh ann. Gus a dhèanamh nas fhasa, mol dhaibh gun coimhead diofar bhuidhnean air diofar earrannan agus an uair sin gum faod gach buidheann na prìomh phuingeagan aithris air ais don bhuidheann/chlas gu lèir. Iarr ceistean airson ma thathar ag iarraidh soilleireachadh dè tha gin de na teirmean no eisimpleirean a' ciallachadh.
4. **Droch-dhìol dhidseatach.** Aig an aois seo, agus anns na bliadhnaichean ri teachd, tha teansa gur e seo an seòrsa droch-dhìol dhàimheil a dh'fhuilingeas daoine òga – tha e cudromach gun aithnich iad e mar dhroch-dhìol. Cuir seachad ùine a' coimhead na h-earrainn seo dhen bhileig, a' bruidhinn air eisimpleirean agus a' dèanamh cinnteach à tuigse.
5. **Droch-dhìol teaghlachail.** Can gur dòcha gu bheil na daoine òga air an teirm seo a chluinntinn mar-thà. Tha am facal teaghlachail a' ciallachadh anns an dachaigh, ach tha fios againn nach ann dìreach *san dachaigh* a bhios droch-dhìol a' tachairt, bidh e a' tachairt *san dàimh*. Ga thuigsinn mar seo, tha an teirm air a chleachdadh airson bruidhinn mu ghin sam bith eile de na seòrsaichean droch-dhìol air an do bhruidhinn sinn mar-thà. Ma tha cuideigin ag innse mun droch-dhìol seo, tha e air a chunntadh mar thachartas droch-dhìol. Cleachd an ath 4 shlaighdean agus bruidhinn mu beachdan air an fhiosrachadh/staitistig a tha thu a' sealltainn. Ma chuidicheas e le tuigse, dh'fhaodadh tu faigheachd dè *chanadh sibh a tha a' dol san dealbh seo?*

- 'S e droch dhìol teaghlachail a chanas sinn ris nuair a bhios cuideigin a' cleachdadh droch-dhìol fhiosaigeach, fhaireachail, dhidseatach no ionmhasail no fòirneart gus smachd a chumail air, cuideam a chur air, maoidheadh no cur sìos air cèile no seann chèile.
- Thathas a' toirt cunntas air 60,000 tachartas de dhroch-dhìol teaghlachail ann an Alba gach bliadhna - ach thathas den bheachd gu bheil mòran eile air nach eil cunntas ga thoirt.
- Tha timcheall air ceithir às gach còig tachartasan dhroch-dhìol theaghlachail air am fulang le boireannach, le fireannach a' fulang aon turas às gach còig.
- Tha aon às gach ceathrar bhoireannaich leasbach/bi air droch dhìol theaghlachail fhulang ann an dàimh. Tha dà thrian dhiubh sin ag ràdh gur e boireannach a bh' anns an neach a rinn an eucoir, agus fireannaich san trian eile. Tha faisg air leth (49%) de na fir a tha gèidh/bi ag aithris gu bheil iad a' fulang droch dhìol teaghlachail bho bhall teaghlach no cèile.
- Tha 1 às gach 5 neach-cloinne agus daoine òga a' fuireach ann an dachaigh far a bheil droch dhìol theaghlachail air a bhith.

**6. Dè mu dhaoine òga?** Seall am fiosrachadh air an slaighd agus brosnachadh còmhraidh – dè tha na daoine òga a' smaoinichadh – a bheil seo a' cur iongnadh orra? Ciamar a tha iad a' faireachdainn mu dheidhinn? Ciamar a bhiodh iad a' faireachdainn nam biodh seo air tachairt do charaid dhaibh?

Tha sgrùdadh de chlann eadar aoisean 13 agus 17 leis an NSPCC a' sealltainn gum faod an droch-dhìol seo tòiseachadh nuair a tha iad nan deugairean. Mar phàirt den sgrùdadh, thuirt 25% de nigheanan agus 18% de bhalaich gun robh iad air droch-dhìol fhiosaigeach de sheòrsa air choreigin fhulang bho chèile dlùth.

**7. Coimhead agus dèan còmhraidh.** Tha na sgeidsichean goirid seo, a chaidh a dhèanamh leis a' phrògram Tbh *Hollyoaks* ('s dòcha gum bi cuid den chloinn eòlach air/ga choimhead), a' sealltainn dà sgeulachd de dhroch-dhìol dhàimheil airson iomairt air an robh 'This is Abuse'. Bu chòir an sealltainn fear mu seach le còmhraidh eadar na dhà – a' dèanamh sgrùdadh air beachdan nan daoine òga air na suidheachaidhean, smaoinichibh air an t-seòrsa droch-dhìol a tha a' tachairt an seo. Dè dhèanadh iadsan airson cuideachadh nam biodh seo a' tachairt do chuideigin san teaghlach aca no do charaid? Chan eil na suidheachaidhean air an toirt gu crìch, tha guth aig deireadh an treas film a' brosnachadh dhaoine òga gus taic a shireadh. (Tha an làrach a-nis a' toirt luchd-cleachdaidh gu: <https://www.disrespectnobody.co.uk/>)

- I. <https://www.youtube.com/watch?v=r6G4BEfJ0pM> (2 mhion. 20 – tha a' chiad phìos seo a' toirt a-steach eòlasan air droch-dhìol, fòirneadh agus smachd bho dhithis boireannach)
- II. <https://www.youtube.com/watch?v=zthG1nzn0uY> (1 mhion. 33 – tha an dàrna pìos a' leantainn air le eòlasan agus a' brosnachadh dhaoine òga gus sanasan aithneachadh agus taic a shireadh)
- III. [https://www.youtube.com/watch?v=UO\\_7qHQslIs](https://www.youtube.com/watch?v=UO_7qHQslIs) (2 mhion. 51 – tha an treas pìos a' dèanamh sgrùdadh air mar a dh'aithnicheas caraidean droch-dhìol agus mar a chuidicheas iad)

**8. Crìochnaich leis an t-sreath shlaighdean** (a' dèanamh cinnteach à tuigse mar a tha thu a' dol air adhart) a tha a' cur nam prìomh phuigean an cuimhne nan daoine òga, a' gabhail a-steach an slaighd mu dheireadh air sireadh taic no cuideachadh.

### Prìomh phuigean

- Tha dàimhean fallain stèidhte air a bhith spèiseil dha chèile. Bu chòir dhut a bhith a' faireachdainn gu bheil gaol ort, sàbhailte agus saor airson a bhith mar a thogras tu fhèin.
- Faodaidh droch-dhiol ann an dàimh tachairt do dhuine sam bith. Chan e rud àbhaisteach a th' ann, chan eil e ceart aig àm sam bith agus gu cinnteach chan eil e na phàirt de dhàimh fhallain.
- Chan eil e an-còmhnaidh fiosaigeach, faodaidh e bhith faireachail no feiseil cuideachd. Ma tha an dàimh agad gad fhàgail a' faireachdainn eagal, gu bheil a' maoidheadh ort no gu bheil thu fo smachd, dh'fhaoite gu bheil thu ann an dàimh droch-dhiolach.
- Faodaidh droch-dhiol dhàimheil fèin-mhisneachd neach a sgrìos, droch bhuaidh a thoirt air an slàinte agus an sunnd agus am fàgail a' faireachdainn gu bheil iad air an iomall, aonranach no ìosal nan inntinn.
- **Chan eil leisgeul sam bith ann airson droch-dhiol dhàimheil.** Fearg, farmad, deoch-làidir no a bhith ag iarraidh an neach eile a dhìon – chan eil gin aca seo nan adhbhar airson droch-dhiol. Ma tha thusa no cuideigin air a bheil gaol agad ann an dàimh droch-dhiolach, bu chòir dhut bruidhinn ri neach earbsach.
- Tha Childline a' tabhann comhairle agus taic an-asgaidh do dhaoine òga de gach aois. Ge bith dè an iomgain, ma tha e mu cuideigin air a bheil gaol agad, tha luchd-comhairle Childline ann airson cuideachadh. Bruidhinn riutha air a' fòn, air-loidhne no air post-dealain aig àm sam bith.

Fiosrachadh agus còmhradh air-loidhne <https://www.childline.org.uk/>

Fòn: 0800 1111

### Beachdan eile

Faodaidh daoine òga a tha airson tuilleadh leughaidh no sgrùdadh a dhèanamh tadhal air na làraich-lìn/buidhnean seo:

- **Scottish Women's Aid** A' phrìomh bhuidheann ann an Alba ag amas air droch-dhiol theaghlachail a chasg: <https://womensaid.scot/>
- **Zero Tolerance** Buidheann carthannais ag amas air fòirneart an aghaidh bhoireannaich le fir a thoirt gu crìch. Thòisich e ann an 1992 le iomairt air postairean ann an Dùn Èideann a thug droch-dhiol theaghlachail fa chomhair an t-sluaigh agus a stèidhich nach robh fòirneart an aghaidh bhoireannaich cothromach no ceart. <https://www.zerotolerance.org.uk/>
- 'S dòcha gum bi thu airson fiosrachadh a sgaoileadh mu reachdas ùr na h-Alba air an seo. No stiùir na daoine òga chun an fhiosrachaidh seo. Chaidh **6 things you need to know about Scotland's new Domestic Abuse Law** a sgrìobhadh leis an Scottish Women's Rights Centre, gheibhear an seo e: <https://www.scottishwomensrightscentre.org.uk/news/news/7-things-to-know-about-scotland-s-new-domestic-abuse-law/>

### Ceangal ris an dachaigh

- Faic stuthan ionnsachaidh *Droch-dhiol agus dàimhean: Grumadh* airson fiosrachadh a ghabhas a chur dhachaigh.

### Tha goireasan teagaisg eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan RSHP seo:

- Droch-dhiol agus dàimhean: Grumadh

## Notaichean Tidseir

